

MUSIC

Cape Breton's Diversity in Unity

A' Fhleasgaich Uasail

Sèist

A fhleasgaich uasail ho rì ho rò,
A fhleasgaich uasail ho hù ho hì,
A fhleasgaich uasail an leadain dualaich
Tha mi fo ghruaim bhon là dh'fhàg thu mì.

1. Tha thu nad shìneadh a Mhàiri bhàn,
Tha thu nad shìneadh air leabaidh làir,
'S truagh a Rìgh nach mì bha sìnte
Ri d' mhuineal mhìn-gheal ach thu bhith slàn.

2. 'S iomadh sealg a rinn mi riamh
Mun d'fhuair mi aodach an aon a dh'fhalbh;
Mun d' rinn mi fhaotainn gun d' rinn mi caoineadh;
Chuir mi naoinear an aon sloc marbh.

3. 'S iomadh bùth anns 'n do chuir mi sgìths
Agus bòrd aig an d'ghabh mi biadh,
Agus bocsa' às 'n do ghabh mi snaoisean,
Is Beurla aotrom a labhradh rium.

4. 'S iomadh cuan air an robh mi tinn
Agus màirds air an robh mi sgìth,
Agus oidhche nam shuidh' aig shanty
Far 'n robh na Frangaich a' dèanamh tì.

5. Thug mi sgrìob bheag a-null don bhàl
Ach cha do rinn mi ann dad de thàmh;
Nuair a sheall mi far mo chùlaibh
Gun d' chuir an cùram mi dhachaidh tràth.

6. 'S iomadh gòraich a rinn mi riamh
Agus stòp ris an d'rinn mi miann,
Agus Nollaig a ghabh mi sòlas,
'S gur e 'm pòsadh a ghlèidh dhomh ciall.

Translation:

Noble Young Man

Chorus

Noble young man ho rì ho rò,
Noble young man ho hù ho hì,
Noble young man with the curly hair,
I am stricken with gloom since you left me.

1. You are lying down fair Mary,
You are lying on a floor mattress,
What a pity that I cannot be
Beside your soft white neck, if you are in good health.

2. I did many a search
Before I found the clothing of the one who departed;
Before I found it I wept;
I buried nine in the same grave.

3. I relaxed in many a shop
And ate at many a table;
And took snuff from many a box;
Much simple English was spoken to me.

4. I was sick on many an ocean,
And tired on many a march;
I spent many nights in a shanty
Where the Frenchmen were making tea.

5. I wandered over to the ball
But did not stay for long;
When I looked over my shoulder
Anxiety made me go home early.

6. I have done many foolish things
And desired much liquor;
I enjoyed many Christmas celebrations;
But it was marriage that preserved my sanity.

Recording:

[A' Fhleasgaich Uasail](#), 1971. Bessie MacEachern. T-311. Beaton Institute, Cape Breton University.